

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2023 | 2 | AN T-ÒGMHIOS

LE TAIC BHO



Facal Toisich

Anns gach àireamh de *Na Duilleagan Gàidhlig*, bidh sinn a' taghadh pìos bàrdachd, no rannan o laoidh air choireigin, a' tarraing air a' bheartas a th' ann de bhàrdachd spioradail, agus air tàlant beannaichte nam bàrd gus fìrinnean agus doimhneachdan a' chreideimh a chur an cèill ann an dòigh a tha sònraichte ealanta. An turas seo, thagh sinn an t-eadar-theangachadh dhen laoidh ainmeil, *Here is love, vast as the ocean* ("Seo an gaol! mar mhead na mara"). Is tric gu bheil cuspair coitcheann a' nochdadh eadar na diofar pìosan a bhios sinn a' cur ri chèile airson nan *Duilleagan*, uaireannan gun fhiosa dhuinn fhìn! Bidh ìomhaigh no smuain ann an aon phìos a' freagairt air ìomhaigh no smuain ann am pìos eile.

Chì sibh anns an àireamh seo gu bheil am muir agus tuiltean a' nochdadh ann an diofar dòighean an siud 's an seo. Anns an dara phàirt dhen t-searmon air cosamhlachd an luchd-togail glic agus amaidich, chì sinn gu bheil bunait earbsach againn ann am Facal Dhè airson beatha a sheasas an aghaidh na tuile. Agus tha sinn a' smaoineachadh cuideachd air dealachadh na h-eilthireachd, air an fheadhainn a chaidh gu taobh thall a' chuain agus a fhuair an aon dòchas, an aon ghràs agus an aon cho-chomann air an aineol ann an tìrean chèin 's a fhuair iad ann an tìr an dùthchais o thùs.


Mar a chuir an Salmadair an cèill e:

*Air bharran sgiath na maidne fòs
nan siùbhlainn fad o làimh,
Gu iomallan na fairge mòir'
chum còmhnaidh agus tàimh;*

*Stiùiridh tu mi an sin, a Dhè,
led làimh tha treun an neart;
Is nìthear leat mo chumail fòs
led dheaslàimh mhòir gu beachd. (Salm 139: 9 - 10)*

A' guidhe gach beannachd oirbh,
Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas
Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann

Dealbh



Services Begin In New Church

PRESBYTERIAN FREE Church building, 30025 Curtis av, was officially opened on Friday, Oct. 7. The congregation, many of whom are of Scottish birth or descent, was previously located, for over 20 years, on Schaefer hwy; Detroit.

Seo dealbh dhe Eaglais Shaor Detroit, ann am Michigan sna Stàitean Aonaichte, a chaidh a thogail ann an 1954. Bha sluagh mòr Ghàidheal ann an Detroit, cuid mhath dhiubh air tighinn o thùs à Leòdhas. 'S e Eaglais Chlàireach Livonia a th' air an eaglais an-diugh.

Searmon beag

An luchd-togail, pàirt 2 (Mata 7: 24 - 29)

Agus thuit an t-uisge a-nuas agus thàinig na tuiltean.

Bidh cuid dhen bheachd gu bheil seo a' cur an cèill a'

bhreitheanais, mar a èireadh e dhuinn nuair a tha againn ri cunntas a thoirt airson na rinn sinn nar beathannan.

A rèir feadhainn eile, tha na h-uisgeachan agus na tuiltean a' riochdachadh trioblaidean na beatha seo fhèin. Mas fìor sin,

's e a tha Ìosa ag ràdh an seo gum bi bunaitean nas treise an aghaidh trioblaidean na beatha ma chuireas sinn an gnìomh

an dòigh-beatha a dh'fhoillsich e dhuinn san t-Soisgeul.

Ma tha sinn beò a rèir Fhacail, a' cur an gnìomh a' ghràidh,

a' chreideimh agus a' cho-chomainn a leughas sinn san

t-Soisgeul, 's ann nas treasa a bhios ar bunaitean anns

gach teanntachd agus càs.

na briathran seo agamsa

Tha e cudromach gu bheil Ìosa ag ràdh gur ann leis-san a tha

na briathran a tha e a' searmonachadh, oir tha sin a' cur an

cèill cò e. Tha iad ag innse dhuinn mun ùghdarras a bha aige.

Oir cha do labhair fàidh, rabbi no sagart mar seo a-riamh ann

an Israel. Seadh, bha an sluagh fo iongnadh, *oir cha chuala iad*

a leithid a-riamh, oir theagasg e iad mar neach aig an robh

cumhachd, agus chan ann mar na sgrìobhaichean. Tha iomadh

ciall air an fhacal *eukusia* ann an Grèigis – ùghdarras,

cumhachd – gu fìosagach no san inntinn, comas aig neach a

dhèanamh mar a thogras iad, cead, ùghdarras mar a tha aig

breitheamh-lagha – b' ann aig Ìosa a bha na rudan seo, agus

dh'fhoillsich e sin na theagaisg.

A bharrachd air a seo, thuir iad gur ann leis-san a bha na

briathan a labhair e. A-nis, dhuinne, chan e rud neònach a

tha seo. Nach ann againne a tha na faclan a bhruidhneas sinn?

Ma tha sinn ag aithris dàin, nach bitheamaid ag ràdh gur e

faclan Dhonnchaidh Bhàin, no faclan Màiri Mhòir a th' annta?

Ach chan ann mar sin a tha na Sgrìobtairean. Bha na fàidhean

cùramach a bhith ag ràdh gun tàinig Facal Dhè thuca. Isaiah

2:1 – *am facal a chunnaic Isaiah mac Amois mu thimcheall Iùdah*

agus Ierusalem; Jeremiah 1:1 – Briathran Jeremiah mhic Hilciah,

aon de na sagartan a bha ann an Anatot ann am fearann

Bheniàmin, a dh'ionnsaigh an tàinig facal an Tighearna...;

tha iomadh caibideil ann an leabhar Eseciel a' tòiseachadh:

A-ris thàinig facal an Tighearna am ionnsaigh ag ràdh...;

Ioel 1:1 Facal an Tighearna a thàinig a-chum loeil mhic

Phetueil; agus mar sin air adhart agus air adhart.

Ach cha b' e seo na thuir Ìosa. Thuir esan, *na briathran seo agamsa*. Chì sinn an seo mar a bha Ìosa ag ràdh gum b' ann às a phearsa fhèin a bha ùghdarras, seach cumhachd a fhuair e o neach eile. Cha robh ùghdarras no cumhachd a theagaisg a' crochadh air feart sam bith eile, ach air-san a-mhàin, air-san as e Facal an Athar san fheòil – esan, anns a bheil faclan nan Sgrìobtar gu lèir – lagh, fàidhean, eachdraidh, gliocas fulangas, agus saoradh sluagh Dhè – a' tighinn còmhla.

Mar sin, nuair a tha sinn ag èisteachd ri faclan Ìosa, is urrainn dhuinn ghabhail riutha, is urrainn dhuinn an cur an gnìomh nar beathannan fhèin le earbsa, oir is ann sna briathran aige a tha làn-ùghdarras mar nach eil aig briathran sam bith eile, làn-chumhachd, làn-bhrìgh, làn-rèim thairis air briathran sam bith a labhair duine sam bith o thòisich an saoghal. Ann a bhith a' gabhail nam briathran seo dar ionnsaigh, briathran a chinn-theagaisg, briathran a Shoisgeil; ann a bhith a' leantainn stiùireadh a theagaisg, agus a' foillseachadh a Shoisgeil nar caitheamh-beatha, is air carraig chinnteach, sheasmhach a tha sinn a' togail ar taighe, a dh'aindeoin stoirmean na beatha.

Gàidhlig Shìmplidh

Tha am muir a' ciallachadh diofar rudan ann an diofar shuidheachaidhean. Chanadh na Gàidheil **culaidh Mhoire** ris a' mhuir leis gun cumadh e biadh rinn. Cuideachd, faodaidh am muir a bhith na ìomhaigh air farsaingeachd agus doimhneachd gràs agus gràdh Dhè. **Air a' chaochladh**, faodaidh am muir a bhith greannach bagarrach eagallach. Tha e cumhachdach, ged a tha smachd aig Dia air. Mar sin, faodaidh am muir a bhith na bhacadh no **na chnap-starra** dhuinn. Bho chionn ceud bliadhna, nuair a dh'fhalbh **na h-eilthirich** às Alba, dh'fheumadh iad siubhail air a' mhuir airson a dhol thall thairis. Bheireadh an turas mu chola-deug a Chanada no Na Stàitean Aonaichte. Abair gun robh am muir a' faireachdainn na b' fharsaing na tha e an-diugh. Smaoinich fhèin air ciamar a bhiodh e coltach do dhaoine a' falbh air an aineol gu dùthchannan cèin. Cha robh feum anns a' phost an uair ud agus bhiodh e doirbh fios a chumail ri do theaghlach aig an taigh. Dh'fheumadh na daoine a bhith **ann am freasdail Dhè** airson an cumail slàn sàbhailte.

Beagan cuideachaidh...

culaidh Mhoire – Mary's treasure

Air a' chaochladh – conversely

na chnap-starra – (in its) barrier

na h-eilthirich – the emigrants

air an aineol – in an unknown place

ann am freasdail Dhè – in God's providence

Gàidhlig Chlasaigeach

Beannachadh aig deireadh na seirbheise, on leabhar ùrnaigh aig Eòin Carswell, 1567:

Dia an Tighearna dár mbeanachadh agas dár goimhéd; Dia an Tighearna d’fhoillseachadh agas do thaisbénadh tsoillse a ghnúise féin dúind agas do dhéanamh thrócaire oraind; Dia an Tighearna d’iompádh a ghnúise grádhaighe chugaind, agas do dheónachadh a tsíthchaimhe féin dúind.

Gradh Dé Athar uile-chumhachtaigh, agas grása agas trócaire ar dTighearna losa Críosa, comaoineachadh agas comhfhurtacht ón Sbiorad Naomh, do bheith do ghnáth maille rind go h-implán. Bíodh amhluidh.

Nòtaichean

- Aig an àm sin, bhiodh iad a’ sgrìobhadh *-nd-* far a bheil *-nn-* againn an-diugh, mar sin: *dúind* = *dhuinn*; *oraind* = *oirnn*; *chugaind* = *chugainn/thugainn*; *rind* = *rinn*.
- Bha Carswell gu math deidheil air *uaim* (alliteration), mar a chì sinn an seo le *ghnúise ghrádhaighe* agus *comaoineachadh agas comhfhurtacht*. Bha sin na chleachdadh cumanta do bhàird agus sgrìobhadairean eile anns na Meadhan Aoisean.
- *a tsíthchámhe* = *sìth, sìochaint*
- *Bíodh amhluidh - amen*

Foirm na *n-Urrnuidheadh* deas. R.L. Thomson (Dùn Èideann: SGTS, 1970)



churchofscotland.org.uk/news-and-events/news/2023/articles/fun-lego-video-shares-easter-message-in-gaelic-and-english

Naidheachdan

- Aig am na Càisge chunnaic clann ann an sgoiltean, eaglaisean agus dachannan air feadh na h-Alba bhideo ùr, ag innse sgeulachd na Càisge ann an riochd ùr - le Lego! Chaidh dà thionndadh a dhéanamh, sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, leis a’ bhuidheann Go Chatter, a rinn an t-aon rud le sgeulachd na Nollaige an-uiridh. Chithear an làrach-lìn Eaglais na h-Alba e: churchofscotland.org.uk/news-and-events/news/2023/articles/fun-lego-video-shares-easter-message-in-gaelic-and-english
- Tha leabhar-fuaim an Tiomnaidh Nuaidh san eadar-theangachadh ùr a-nis ri fhaotainn saor an-asgaidh air

làrach-lìn Comann Bhioball na h-Alba, an dà chuid mar leabhar-fuaim airson an Tiomnaidh Nuaidh air fad, agus ann an riochd fiolm airson nan Soisgeul. 'S e goireasan air leth a th' annta, a' toirt Facal Dhè do luchd na Gàidhlig ann an riochd ùr. Thèid an lorg air an làrach-lìn gaidhlig.bible.org.uk/resources/lumo-gaelic-films

- Chaidh gluasad a thogail ann am Pàrlamaid na h-Alba gus fàilte a chuir air na goireasan ùra seo, le Alasdair Allan BPA, agus aonta bho ochd buill phàrlamaid deug o na diofar pàrtaidhean: parliament.scot/chamber-and-committees/votes-and-motions/S6M-07900
- Tha Comann Bioball na h-Alba agus Comhairle nan Eilean Siar ag obair còmhla gus goireas ùr a chruthachadh do chlànn, deasachadh Gàidhlig air leabhran le deich sgeulachdan on Bhioball, airson cleachdadh ann an sgoiltean. Tha sinn an dòchas gum biodh barrachd naidheachd againn air seo anns an ath àireamh de Na Duilleagan, ach tha sinn a' cur fàilte agus ag ùrnaigh beannachd air gach oidhirp gus an Fhacal a thoirt dhan ath ghinealach, agus le cinnt, lìonaidh seo beàrn a mhothaich tidsearan ann an sgoiltean Gàidhlig o chionn bhliadhnaichean.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Adhbhar gaire

Bha turas agus dithist bhoireannach a' tighinn a-nuas seachad air taigh agus chuala iad gramafòn. 'S e Eairdsidh Grannd a bha a' seinn air a' ghramafòn agus thuirt an dàrna tè ris an tè eile, "uil, b' fhèarr leam-sa gur e ceathramh laoidh", agus fhreagair an tè eile, "oh uil, b' fhèarr leam-sa gur e ceathramh mairt!"

Ruaraidh Iain MacLeòid (fiosraiche), Iain Peadarsan (Neach-clàraidh), SA1975.156.B2, Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann.

<https://www.tobarandualchais.co.uk/track/55635>

Bàrdachd

Le Uilleam Rees (1802-1883), eadar-theangaichte leis an Urr Iain Urchardan

Seo an gaol mar mhead na mara,
Coibhneas gràidh mar dhìle mòr,
Nuair dhòirt Prionns' na beath', ar n' èirig,
A fhuil rìoghail air ar tòir.

Cò nach meòraich air a ghràdh-san?
Cò nach mol 's nach seinn a chliù?
Chan fheum sinne chuir à cuimhne

Troimh bhith-bhuantachd nèamh ar dùil.

Air an t-sliabh ud - àit' A cheusaidh
Dh'fhosgail fuarain mhòra, làn,
'S troimh thuil-dhorsan àrd A thròcair
Thaom a-mach muir-làn A ghràis.

Gràdh is gràs mar thuiltean mòra
Ruith gun sguir a-mach bho 'n àird',
Phògadh sìth is ceartas nèamhaidh
Saoghal ciontach - le mòr ghràdh.

Ùrnaigh

A Thighearna,
is tusa ar reul stiùiridh air ar cuairt anns
a' bheatha seo,
agus is tusa an Tì a chronaich agus a shòcraich
an stroim nuair a bha do dheisciobail fo eagal.
Bidh maille rinn, tha sinn a' guidhe ort, nuair a tha
an oidhche dorcha agus gailleann ag èirigh.
Bidh maille rinn nuair nach eil fhios againn far a
bheil sinn a' dol, nuair a tha sinn air ar cursa chail.
Cuir nar cuimhne faclan do sheirbhisiche a thuirt,
*Do cheuman tha san doimhneachd mhòir,
do shlighe tha sa chuan*
ach an cuireadh sinn ar n-earbsa annad,
agus annad a-mhàin,
gus ar treòrachadh dod chaladh fhèin.

Amen.